



Coimisean na Croitearachd

PLANA GÀIDHLIG 2025-2030

**Tha ar Plana Gàidhlig a' mìneachadh mar a chleachdas sinn
agus a dh'adhartaicheas sinn an cànan tro ar n-obair**

Foillsichte: An Iuchar 2025

Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd (4^{mh} eagan) 2025 – 2030

Tha am plana seo air ullachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air

Published Date:

(insert date)

FACAL-TOISICH

Mar Àrd-Oifigear Coimisean na Croitearachd, tha mi a' cur fàilte air a' cheathramh eagra de ar Plana Gàidhlig.

Is e Coimisean na Croitearachd an riaghladair air croitearachd, siostam gabhail-fearainn air leth ann an Gàidhealtachd agus Eileanan na h-Alba, far a bheil a' Ghàidhlig air an cànan a cheangal gu traidiseanta ris an fhearann.

Tha a' Ghàidhlig air cuideachadh le croitearachd a chumadh thar nan ginealaichean agus le fulangas mar a tha aig croitearachd, a chaidh a chumadh san àm a dh'fhalbh ach a tha fhathast a' coimhead air adhart.

Tha dleastanas reachdail air Coimisean na Croitearachd a phàirt fhèin a choileanadh ann an adhartachadh a' chànain, ach tha an ceangal sònraichte eadar Gàidhlig is croitearachd a' toirt dhuinn dìoghras a bharrachd airson na h-obrach seo.

Tha ar Plana Gàidhlig a' mìneachadh structar foirmeil airson ar taic don Ghàidhlig, le iomairtean agus targaidean soilleir a' nochdadh dealas làidir tron Choimisean air fad gus dèanamh cinnteach gun lean a' Ghàidhlig oirre a' soirbheachadh.

Thàinig mise don Chomisean ann an 2024 agus tha mi air coinneachadh ri croitearan air feadh nan àiteachan aig cridhe na Gàidhlig agus air cleachdadh na Gàidhlig fhaicinn sa bheatha làitheil ann an croitearachd agus sna coimhearsnachdan croitearachd.

Tha am Bòrd làithreach dealasach a thaobh taic don Ghàidhlig agus a' coimhead air adhart ris an ath chòig bliadhna a' cur taic ri agus a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig.

Gary Caimbeul

Àrd-Oifigear

SUSBAINT

GEÀRR-IOMRADH	Error! Bookmark not defined.
RO-RÀDH	
Mu Choimisean na Croitearachd	
Structar	7
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Sgaoileadh Fios	7
Co-chomhairleachadh air ar dreachd Plana Gàidhlig	7
Gàidhlig ann an Alba	8
Gàidhlig ann an Raon Obrachaidh a' Choimisein	9
Gàidhlig taobh a-staigh Coimisean na Croitearachd	9
Sgrùdadh Sgilean Gàidhlig an Luchd-obrach	10
AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN STRUCTAR CHORPORRA	10
Uallach Obrachail don Phlana	Error! Bookmark not defined.
Uallach Làitheil don Phlana	11
Leasachadh, Buileachadh agus Sgrùdadh a' Phlana	Error! Bookmark not defined.
Ar Luchd-obrach	11
Seirbheisean Libhrigte le Treas Phàrtaidhean agus Buidhnean Air Astar	Error! Bookmark not defined.
BUAIDHEAN PLANAIDH AGUS POILEASaidh DON GHÀIDHLIG	12

Prìomh-shruthadh.....	Error! Bookmark not defined.
Plana Nàiseanta na Gàidhlig	12
Prìomhachasan Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba	13
GEALLTANASAN A' PHLANA.....	14
Amasan Àrd-Ìreil.....	Error! Bookmark not defined.
Amasan Seirbheis Chorporra	Error! Bookmark not defined.
Dearbh-aithne Corporra.....	Error! Bookmark not defined.
Luchd-obrach.....	15
Conaltraidhean	18
Fiosrachadh.....	Error! Bookmark not defined.
Corpas na Gàidhlig.....	22
BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH.....	23
Clàr-obrach.....	Error! Bookmark not defined.
Foillseachadh	23
An Taobh A-Muigh.....	Error! Bookmark not defined.
An Taobh A-Staigh	24
Goireasachadh a' Phlana	24
Sgrùdadh air Buileachadh a' Phlana	24
EÀRR-RÀDH 1.	26
Aithisg Geàrr-iomraidh air Freagairtean a' Cho-chomhairleachaidh	Error! Bookmark not defined.
SGRÙDADH SGILEAN GÀIDHLIG	Error! Bookmark not defined.

GEÀRR-IOMRADH

Tha ar Plana Gàidhlig air ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha e a' mìneachadh mar a bhios Coimisean na Croitearachd ag adhartachadh a' phrìomh phrionnsapail de spèis co-ionann don Ghàidhlig.

Taisbeanadh am Plana mar a bhios sinn gu gnìomhach a' brosnachadh agus ag àrdachadh cleachdadh air a' Ghàidhlig.

RO-RÀDH

Mu Choimisean na Croitearachd

Is e Coimisean na Croitearachd an riaghladair air croitearachd agus tha e na Bhuidheann Poblach Neo-roinneil (NDPB) de Riaghaltas na h-Alba. Tha ar n-obair a' dèanamh cinnteach gu bheil croitearachd air a dheagh riaghladh, gu bheil àm teachdail croitearachd tèarainte, agus gu bheil croitearachd a' cur cuideachadh luachaichte agus luachmhor ri seasmhachd choimhearsnachdan dùthchail air feadh nan sgìrean croitearachd.

Is e siostam gabhaltas-fearainn gun choimeas a th' ann an croitearachd, a tha ann an Gàidhealtachd agus Eileanan na h-Alba. 'S e gabhaltas-fearainn beag a th' ann an croit, a tha mu 5 heactairean agus gu h-àbhaisteach air a chumail ann an gabhaltas. Dh'fhaodadh gum bi no nach bi togalaichean no taigh co-cheangailte ris. Tha timcheall air 21,000 croit air an gabhail le tuairmse de 10,000-12,000 dachaigh croitearachd, a tha a' dèanamh suas àireamh-sluaigh iomlan de mu 33,000.

Chaidh Coimisean na Croitearachd a stèidheachadh ann an 2012 gus Achd nan Croitearan (Alba) 1993 a chur an gnìomh, mar a chaidh atharrachadh leis an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2007 agus an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010.

Ar Lèirsinn agus Ar n-Adhbhar

Tha ar dleasan uile, ge 'r bith an ann a' riaghladh no ag adhartachadh croitearachd, cuimsichte air na buannachdan a tha siostam croitearachd riaghlach a' faotainn do chroitearan agus don choimhearsnachd nas fharsainghe, a thaobh gleidheadh àireamh-sluaigh, fulangas eaconamach, agus cleachdadh fearainn a tha an dà chuid tarbhach agus seasmhach. Mar sin, is e ar lèirsinn gun lean croitearan agus choimhearsnachdan croitearachd ag àrdachadh susbaint shòisealta, chultarach, eaconamach agus

àrainneachdail nan sgìrean croitearachd. Is e ar n-adhbhar mar sin: an siostam croitearachd a riaghladh ann an dòigh chothromach agus a dhìon 's a neartachadh do na ginealaichean ri teachd.

Structar

Tha Bòrd Choimiseanairean Coimisean na Croitearachd air a dhèanamh suas de naoi Choimiseanairean. Chaidh triùir dhiubh fhasdadh le Ministear nan Cùisean Dùthchail, Ath-leasachadh Fearainn agus Eileanan, agus tha sia Coimiseanairean air an taghadh leis na croitearan. Tha taghaidhean air an cumail gach 5 bliadhna. Bidh Coimiseanairean nan suidhe còmhla mar Bhòrd agus a' coinneachadh gu cunbhalach tron bhliadhna.

Tha fiosrachadh farsaing mu dheidhinn ar n-obair¹ air làrach-lìn Coimisean na Croitearachd. Aithisg Bhliadhnail foillsichte a' Choimisein²

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Sgaoileadh Fios

Chaidh ar Plana ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005³. Tha am plana a' mìneachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig ann an coileanadh ar dleasan mar riaghladair croitearachd, mar a bhios sinn a' comasachadh cleachdadh air a' Ghàidhlig ann an conaltradh leis a' phoball agus le prìomh luchd-ùidhe, agus tha sinn a' cur taic ris an luchd-obrach againn gu Gàidhlig ionnsachadh agus an sgilean Gàidhlig a leasachadh, agus mar a bhios sinn ag adhartachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba.

Co-chomhairleachadh air an dreachd Plana Gàidhlig

Tha Achd 2005 ag iarraidh gun toir buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Ghàidhlig aca gu aire bhuidhnean uile le ùidh. Cho-chomhairlich Coimisean na Croitearachd gu poblach air dreachd a' Phlana Ghàidhlig aca, agus bheachdaich iad air molaidhean a chaidh a dhèanamh dhaibh tron phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha an t-eagran seo den Phlana airson 2025-2030 a' togail air Planaichean roimhe sin, agus tha an Coimisean air na targaidean tùsail, builean is adhartas ath-sgrùdadh.

¹ [Fàilte | Coimisean na Croitearachd](#)

² [Annual Report and Accounts | Crofting Commission](#)

³ [Achd na Gàidhlig - Bòrd na Gàidhlig](#)

Bha dreachd a' Phlana Ghàidhlig ri fhaotainn airson bheachdan agus air adhartachadh air làrach-lìn a' Choimisein⁴, ann an Gàidhlig agus Beurla.

Chaidh an co-chomhairleachadh a chur air adhart fad' is farsaing air àrd-ùrlaran nam meadhanan sòisealta.

Thugadh cuireadh do bheachdan rè na h-ùine co-chomhairleachaidh fad sia seachdainean bhon Chèitean gu an t-Ògmhios 2025.

Dh'fhaodadh beachdan an cur a-steach san fhoirm air-loidhne air an làraich-lìn againn, no air post-d no ann an litir sgrìobhte.

Aonta do Phlana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd

Bidh an ceathramh eagraan seo de ar Plana Gàidhlig a' ruith bho 2025 gu 2030.

Chaidh am Plana a chur gu Bòrd a' Choimisein⁵ san Ogmhios 2025 agus a chur a-steach gu to Bòrd na Gàidhlig airson aonta san Iuchar 2025.

Gàidhlig ann an Alba

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, dearbh-aithne agus beatha chultarach na h-Alba. Tha Coimisean na Croitearachd dealasach a thaobh nan cinn-uidhe a tha mìnichte ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig⁶ agus a' cur taic ri iomairtean gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd.

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn ma tha Gàidhlig gu bhith a' leantainn mar chànan beò riatanach ann an Alba, gu bheil oidhirp cho-obrachail a dhìth leis an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth, gus: dèanamh cinnteach gu bheil spèis co-ionann ga thoirt don Ghàidhlig; inbhe na Gàidhlig àrdachadh; togail agus ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh; agus cleachdadh meudaichte air a' Ghàidhlig a mhisneachadh.

⁴ [Co-chomhairleachaidhean | Coimisean na Croitearachd](#)

⁵ [Coinneamhan Bùird | Coimisean na Croitearachd](#)

⁶ [Plana Nàiseanta na Gàidhlig – Bòrd na Gàidhlig](#)

Gàidhlig taobh a-staigh Raon Obrachaidh a' Choimisein

Tha àite cudromach aig croitearachd ann an dèanamh cinnteach gu bheil daoine a' còmhnaidh agus ag obair sa Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan. Tha còrr air 6,300 croit ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar, agus mu 10,000 croit ann an sgìre na Gàidhealtachd. Tha an ceangal eadar croitearachd agus Gàidhlig a' fuireach làidir.

Tha àireamh-sluaigh stèidhichte deatamach do choimhearsnachdan dùthchail a chumail orra a' soirbheachadh. Tha àite cudromach aig croitearachd ann an dèanamh cinnteach gu bheil croitearan a' còmhnaidh air no taobh a-staigh 20 mìle den chroit. Tha a bhith a' còmhnaidh agus ag obair sna raointean croitearachd a' cumail suas coimhearsnachdan na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha a' Ghàidhlig aig teis-meadhan cultar a' bheul-aithris, a tha còmhla ri ceòl a' coileanadh a pàirt ann an saidhbheas beatha na coimhearsnachd croitearachd. Tha na h-ainmean-àite sna sgìrean sin a' taisbeanadh ìomhaighean làidir de chànan is de chultar na Gàidhlig agus cleachdadh fearainn tarsainn ceann a tuath agus taobh an iar na h-Alba.

Tha Coimisean na Croitearachd a' riaghladh nan sgìrean ann an Alba a tha aithnichte mar sgìrean croitearachd. Tha sgìrean croitearachd air an dèanamh suas à Sealtainn, Arcaibh, Gallaibh, Fàr is Tunga, Cataibh, Tìr-mòr an Iar, Tìr-mòr an Ear, Earra-Ghàidheal agus Eileanan Earra-Ghàidheal, An t-Eilean Sgitheanach, Leòdhas agus Na Hearadh, Beinn na Faoghla agus Barraigh. Fad linntean, tha Gàidhlig air a bhith ga labhairt sna sgìrean sin, agus an-diugh, is e a' Ghàidhlig ciad chànan mòran de na croitearan. Mar sin, tha an Coimisean a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' cur taic ris a' chànan.

Ann an Cunntas-sluaigh na h-Alba 2021⁷ bha an àireamh de dhaoine aig an robh comas air Gàidhlig a labhairt, a leughadh agus a sgrìobhadh⁸ dìreach thairis air 57,000, a tha mu 1% de dh'àireamh-sluaigh na h-Alba. Tha a' cho-chuid as motha de dhaoine as urrainn Gàidhlig a labhairt, a leughadh agus a sgrìobhadh, a' còmhnaidh ann an sgìre na Gàidhealtachd agus an àireamh as àirde às dèidh sin anns na Eileanan Siar. Is ann sna sgìrean sin cuideachd a lorgar an àireamh as motha de chroitean.

Gàidhlig taobh a-staigh Coimisean na Croitearachd

Tha a' Ghàidhlig a-riamh air a bhith bunaiteach don Choimisean mar thoradh air an tar-shnìomh eachdraidheil eadar croitearachd agus Gàidhlig. Tha ar buidheann ag amas air na ceanglaichean dlùth eadar Gàidhlig agus croitearachd a chumail suas.

⁷ [Dachaigh | Cunntas-sluaigh na h-Alba](#)

⁸ [Sgìlean Gàidhlig – Mapaichean a' Chunntais-sluaigh, NRS](#)

Tha ar n-obair a' cuimseachadh air lèirsinn Choimisean na Croitearachd 'gun lean croitearachd agus na coimhearsnachdan croitearachd ag àrdachadh susbaint shòisealta, chultarach, eaconamach agus àrainneachdail nan sgìrean croitearachd' mar a tha air aithris sa Phlana Chorporra⁹ againn, gum bi na builean soirbheachail a leanas air an coileanadh a thaobh taic don Ghàidhlig: tha croitearachd a' cuideachadh le luach na Gàidhlig a chumail seasmhach tro chleachdadh fearainn, sgìlean croitearachd, cultar traidiseanta, agus eòlas.

Sgrùdadh Sgìlean Gàidhlig an Luchd-obrach

Chuir Coimisean na Croitearachd an gnìomh Sgrùdadh Sgìlean Gàidhlig an luchd-obrach mar phàirt de ar gealltanais don Phlana Ghàidhlig. Chomasaich toraidhean an sgrùdaidh dhuinn cleachdaidhean a chumail suas agus a leasachadh airson cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh.

Tha an Sgrùdadh Sgìlean Gàidhlig againn ga chur an gnìomh gach bliadhna, agus mu dheireadh ann an 2024. Is e amas an sgrùdaidh, tuigse ar luchd-obrach don Ghàidhlig a dhearbhadh. Ghabh 39% den luchd-obrach pàirt san t-suirbhidh. **Bhon Mhàrt 2025, tha 11% den luchd-obrach a' frithealadh ar clasaichean Gàidhlig air an taobh a-staigh.**

Is e an Coimiseanair Iain M. MacIomhair am ball bùird ainmichte le Gàidhlig aig a' Choimisean. Bidh an Coimiseanair MacIomhair a' cur fàilte ann an Gàidhlig aig coinneamhan bùird. Bidh an Coimiseanair MacIomhair a' labhairt às leth a' Choimisein aig agallamhan tbh is rèidio Gàidhlig.

Tha eadar-theangachadh Gàidhlig air ro-ràdh a' Chathraiche agus an Àrd-Oifigeir ann an Aithisg Bhliadhnail a' Choimisein.

AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN STRUCTAR CHORPORRA

Tha am Plana Gàidhlig seo mar phoileasaidh Coimisean na Croitearachd, agus tha am Bòrd air uile-thaic agus aonta a chur ris a' phlana.

⁹ [Sgrìobhainnean Corporra | Coimisean na Croitearachd](#)

Uallach obrachail don Phlana

Is i Sìne NicThòmais, Stiùiriche nan Seirbheisean Corporra, an t-àrd-oifigear le uallach obrachail airson stiùireadh air ullachadh, lìbhrigeadh, agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd.

Post-d: Jane.Thomas@crofting.gov.scot

Uallach Làitheil don Phlana

Tha uallach air an Oifigear Ghàidhlig airson buileachadh làitheil agus sgrùdadh a' phlana.

Post-d: gaelic@crofting.gov.scot

Leasachadh, Buileachadh agus Sgrùdadh a' Phlana

Gus dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Gàidhlig air fhisghe a-steach do dh'obair a' Choimisein, tha Aithisg Sgrùdaidh Gàidhlig air a cur a-steach chun na Sgioba Gnìomha gach ràithe. Tha am Plana Gàidhlig ga sgrùdadh gach bliadhna le Bòrd nan Coimiseanairean. Gabhaidh sinn Gàidhlig a-steach mar nì ann an Coinneamhan Buidheann Conaltraidh Luchd-obrach gach ràithe agus ceadaichidh seo don luchd-obrach in-ghabhail agus adhartachadh na Gàidhlig a dheasbad.

Ar Luchd-obrach

Tha Coimisean na Croitearachd a' cumail fiosrachadh ris an luchd-obrach mu an dleastanasan fon Phlana Ghàidhlig. Tha seo ga choileanadh tro ar Plana Conaltraidh Luchd-ùidhe. Tha am plana air a dheasbad aig ar Coinneamhan Luchd-obrach agus tha sianal Gàidhlig air ar sianal Sgiobaidhean Ionnsachaidh is Leasachaidh. Tha am Plana Gàidhlig air a mheas mar phrìomh sgrìobhainn poileasaidh aig a' Choimisean. Mar sin, tha am plana air a ghabhail a-steach do thrì phrìomh sgrìobhainnean: Leabhar-làimhe an Luchd-obrach; am Pasgan Inntigidh do luchd-obrach ùr, agus am Pasgan Inntigidh do Choimiseanairean.

Seirbheisean Lìbhrigte le Treas Phàrtaidhean agus Buidhnean air Astar

Bidh Coimisean na Croitearachd a' dèanamh cinnteach gum bi treas-phàrtaidhean agus buidhnean air astar mothachail do, agus gun cùm iad ri gealltanais ar Plana Gàidhlig, le bhith ag aithris an riatanais sin ann an tairgsinn agus cùmhnantadh sheirbheisean / bathair.

BUAIDHEAN PLANAIDH IS POILEASaidh DON GHÀIDHLIG

Prìomh-shruthadh

Tha sinn a' tuigsinn gum bi na raointean prìomhachais a tha comharraichte ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh tro ar Plana Gàidhlig. Bidh sinn ag àbhaisteachadh ar cleachdaidh air a' Ghàidhlig agus a' comharrachadh chothroman gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro ar ceumannan poileasaidh.

Is e ar gealltanasan gum bi Gàidhlig air a gabhail a-steach nar n-obair agus gum bi sinn a' tabhann sheirbheisean ann an Gàidhlig do ar custamairean, gus am bi cleachdadh, labhairt agus cluinntinn Gàidhlig nam pàirt nàdarra den bheatha làitheil ann an Alba.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha na dòighean sam bi sinn a' cur taic ri buileachadh phrìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig air am mìneachadh gu h-ìosal. Is e raon-dleastanais a' Choimisein mar riaghladair croitearachd a bhith ag amas air cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh mar chuideachadh luachmhor do ghnòthachas agus leasachadh eaconamach taobh a-staigh croitearachd.

Prìomhachasan	Prìomh Bhuilean
Leasachadh eaconamach	Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gum faod buaidh dhearbhadh a thoirt air inbhe na Gàidhlig le bhith ag àbhaisteachadh cleachdadh a' chànan nar n-obair. Cuiridh an ìre gu bheil i air a cleachdadh agus air a luach le buidhnean aig a bheil àite cudromach nar n-obair agus nar beatha, ri cleachdadh meudaichte air a' Ghàidhlig. Tha an Coimisean a' tuigsinn gum feum cruthachadh air àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig, chan e a-mhàin meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig, ach tuigse don bhuannachd eaconamach a dh'fhaodadh cleachdadh na Gàidhlig a thabhann do chroitearan. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan croitearachd a mheudachadh air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean: • Ìomhaigh is cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh le susbaint Ghàidhlig air an làraich-lìn againn a chruthachadh.

	• Cleachadh air stuthan ann an Gàidhlig co-cheangailte ri croitearachd a chruthachadh agus adhartachadh. • Iomairtean adhartachadh a tha a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig le croitearan a dh'fhaodadh buannachd eaconamach a sholarachadh, mar eisimpleir, cleachdadh na Gàidhlig ann an turasachd, dualchas agus cultar no ann an toradh biadh is deoch.
Raon leasachaidh	Prìomh bhuilean
Gnìomhan poileasaidh	Beachdaichidh Coimisean na Croitearachd air Gàidhlig airson co-dhùnaidhean poileasaidh agus iomairtean poileasaidh. • Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil beachdachadh air a' Ghàidhlig aig ìre ro-innleachdail le bhith a' gabhail Gàidhlig a-steach mar bhun-chùis ri a beachdachadh ann am pàipearan a' Bhùird. • Beachdaichidh an Coimisean air comas buaidh ar poileasaidh air Gàidhlig agus lùghdaichear buaidh àicheil sam bith a bhios san amharc, agus a' neartachadh tabhartas dearbhach don Ghàidhlig.

Prìomhachasan Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Tha Coimisean na Croitearachd ag obair gus an cànan a neartachadh tarsainn ar buidhinn, a chuireas ri sunnd chultarach is chànanach na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha Coimisean na Croitearachd dealasach a thaobh cinn-uidhe ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba a choileanadh, a thaobh dùthaich Alba a chruthachadh a bhios: nas soirbheachaile, nas cothromaiche, agus le eaconamaidh nas uaine a dh'obraicheas do na h-uile.¹⁰

Tha Builean Nàiseanta na h-Alba¹¹ a' mìneachadh mar a tha an Riaghaltas ag amas air a chinn-uidhe ro-innleachdail a thoirt gu buil agus a' toirt iomradh air na tha an Riaghaltas a' strì ri choileanadh san àm ri teachd.

¹⁰ [\[SUSBAINT TASGLAINN\] Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta | Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta](#)

¹¹ [Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta - gov.scot](#)

GEALLTANASAN A' PHLANA

Amasan Àrd-Ìreil

Tha na h-amasan àrd-ìreil a leanas mar àrd-phrìomhachasan don Choimisean ann an taic do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus na Builean Nàiseanta:

Gealltanasan Corporra

Tha a bhith a' cruthachadh nan suidheachaidhean airson na Gàidhlig a chleachdadh sa bheatha phoblaich, air a chomharrachadh le Bòrd na Gàidhlig mar phrìomh fheart ann an àbhaisteachadh cleachdadh na Gàidhlig. Is iad ar gealltanasan:

- Dearbh-aithne
- Conaltraidhean
- Foillseachaidhean
- Luchd-obrach

Tha pàirt cudromach aig na prìomh ghealltanasan ann an togail ìomhaigh agus faicsinneachd na Gàidhlig. Tha an Coimisean a' sùileachadh ri cleachdadh na Gàidhlig a chomasachadh agus a bhrosnachadh tro na prìomh raointean gu h-àrd, ìomhaigh na Gàidhlig a thogail na ghnothaichean obrach agus ann an libhrigeadh a sheirbheisean riaghlaidh.

Dearbh-aithne

Tha làthaireachd na Gàidhlig anns an dearbh-aithne corporra agus ann an soidhneachd ùghdarrais phoblaich gu mòr ag àrdachadh faicsinneachd a' chàin, a' meudachadh a h-inbhe agus a' libhrigeadh aithris chudromach mu dheidhinn mar a tha luach ga thoirt don Ghàidhlig agus mar a tha i a' faighinn aithne. Faodaidh leasachadh air a' Ghàidhlig tro shoidhnichean briathrachas luchd-labhairt a shaidhbheachadh, mothachadh poblach don chànan a thogail agus cur ri a leasachadh.

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn cudromachd a bhith a' leudachadh faicsinneachd na Gàidhlig agus ag àrdachadh a h-inbhe.

GNÌOMH LEASACHAIDH

DEARBH-AITHNE CORPORRA

Buil Mholta	Àbhaisteachadh faicsinneach is cluinntinneach air Gàidhlig mar phrìomh eileamaid de dhearbha-aithne Coimisean na Croitearachd.
Cleachdadh Làithreach:	Tha sinn a' cleachdadh suaicheantas is sreath-cinn dà-chànanach gu h-àbhaisteach tarsainn a' bhuidhinn airson cinn-litreach, bileagan, agus cairtean gnothachais. Tha tiotalan dreuchd agus ainmean-sgrìobhte dà-chànanach air puist-d agus puist-d fèin-obrachail. Tha suaicheantas dà-chànanach air cairtean-cead oifis an Luchd-obrach agus Coimiseanairean.
Gnìomhan Riatanach:	Tha sinn dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gum bi branndadh sam bith san àm ri teachd a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla..
Ceann-là Targaid:	2030
Oifigear Cunntachail:	Stiùiriche nan Seirbheisean Corporra.
GNÌOMH LEASACHAIDH	SOIDHNEACHD
Buil Mholta	Àbhaisteachadh Gàidhlig mar phrìomh eileamaid de dhearbha-aithne agus soidhneachd Coimisean na Croitearachd.
Cleachdadh Làithreach:	Tha soidhneachd dà-chànanach taobh a-muigh ar n-oifis corporra; Tha soidhneachd air an taobh a-staigh dà-chànanach,
Gnìomhan Riatanach:	Tha sinn dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gum bi soidhneachd ùr uile dà-chànanach.
Ceann-là Targaid:	2030
Oifigear Cunntachail:	Oifigear Leasachaidh Gnothachais nan Seirbheisean Corporra is Chustaimearan.

Luchd-obrach

Tha solarachadh chothroman ionnsachaidh cànanain don luchd-obrach a' cuideachadh le ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh mar sgiol luachmhor taobh a-staigh an àite-obrach. Tha sinn a' tuigsinn cudromachd a bhith a' comasachadh luchd-obrach air Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh taobh a-staigh an àite-obrach, agus tha sinn a' dèanamh ar dìchill air cothroman ùra a chruthachadh.

GNÌOMH LEASACHAIDH	TRÈANADH
Buil Mholta	Bidh Coimisean na Croitearachd a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach mothachail do ar n-uallach a thaobh na Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach:	Tha ar plana anns a' Phasgan Inntigidh againn do luchd-obrach ùr ragus Coimiseanairean. Tha ar plana air a ghabhail a-steach do Leabhar-làimhe Luchd-obrach. Tha e na dhleastanas laghail oirnn gum bi aon Choimiseanair aig a' char as lugha air a' bhòrd, a tha fileanta ann an Gàidhlig.
Gnìomhan Riatanach:	Goireasan Gàidhlig a tha rim faotainn le luchd-obrach, a mheudachadh. Dòighean eile a rannsachadh gus ionnsachadh Gàidhlig a chur air adhart. Nì maireannach a chruthachadh a thaobh Buidheann Conaltraidh an Luchd-obrach don Ghàidhlig.
Ceann-là Targaid:	2026
Oifigear Cunntachail:	Stiùiriche Sheirbheisean Corporra.

GNÌOMH LEASACHJAIDH	IONNSACHADH NA GÀIDHLIG
Buil Mholta	Tha luchd-obrach Coimisean na Croitearachd a' faotainn taic gus Gàidhlig ionnsachadh agus cothroman air an sgilean Gàidhlig a chleachdadh aig an obair.
Cleachdadh Làithreach:	Tha clasaichean Gàidhlig air an toirt seachad tro uairean obrach, air an cumail gach seachdain, agus an-asgaidh do luchd-obrach. Tha sinn a' tabhann fiosrachadh Gàidhlig tro ar sianalan luchd-obrach air an taobh a-staigh. Bidh ar Plana Gàidhlig air a sgaoileadh gu luchd-obrach agus Coimiseanairean.
Gnìomhan Riatanach:	A' tabhann dà ìre ionnsachaidh de chlasaichean Gàidhlig do luchd-obrach, gus a dhèanamh comasach do luchd-obrach adhartas a dhèanamh. Cuir gnàth-nì don Ghàidhlig gu Buidheann Conaltraidh an Luchd-obrach gus an urrainn do luchd-obrach cur ri ionnsachadh is leasachadh Gàidhlig san àite-obrach.
Ceann-là Targaid:	2026/27
Oifigear Cunntachail:	Stiùiriche Sheirbheisean Corporra.

GNÌOMH LEASACHAIDH	AINMEACHADH DHREUCHDAN
Buil Mholta	Tha sinn a' cur fàilte air cothroman cosnadh do luchd-labhairt Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach:	Tha clasaichean Gàidhlig gan tabhann do luchd-obrach air an aghaidh, agus don luchd-obrach uile.
Gnìomhan Riatanach:	Rannsaichidh sinn cothroman air cosnadh a chruthachadh do luchd-labhairt na Gàidhlig.
Ceann-là Targaid:	2030
Oifigear Cunntachail:	Stiùiriche Sheirbheisean Corporra.

GNÌOMH LEASACHAIDH	TRUSADH
Buil Mholta	Cuiridh Coimisean na Croitearachd tai cri luchd-labhairt na Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach:	Tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean bho luchd-labhairt na Gàidhlig.
Gnìomhan Riatanach:	Daingneachadh gu bheil an Coimisean a' cur fàilte air tagraidhean bho luchd-labhairt na Gàidhlig.
Ceann-là Targaid:	2030

Conaltraidhan

Tha sinn a' cur fàilte air eadar-chonaltradh bho ar custamairean ann an Gàidhlig. Tha an oifis againn ri lorg ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir, agus tha an deasg fàilteachais a' fiosrachadh luchd-tadhail gum faodar Gàidhlig a chleachdadh. Tha an làrach-lìn againn a' tabhann roghainn 'cuir fios thugainn' ann an Gàidhlig. Bidh sinn a' freagairt chonaltraidhean Gàidhlig uile ann an Gàidhlig. Tha teachdaireachd ro-chlàraichte ann an Gàidhlig air an loidhne fòn a-steach againn.

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn cudromachd a bhith a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh feumail air a' Ghàidhlig ann an raon farsaing de shuidheachaidhean làitheil agus dealasach a thaobh na h-ìre solair san raon seo a mheudachadh.

GNÌOMH LEASACHAIDH	FÀILTEACHAS
Buil Mholta	Tha an Coimisean co-làraichte ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir. Tha Nàdar Alba a' solarachadh na sgioba lìbhrigidh sheirbheisean don togalach gu h-iomlan. Obraichidh sinn còmhla ri NS gus soidhneachd Ghàidhlig agus beannachdan dà-chànanach a thabhann do bhuill a' phobaill.
Cleachdadh Làithreach:	Faodaidh ceistean an cur a-steach ann an Gàidhlig tron làrach-lìn againn. Ma tha neach airson labhairt mun chùis aca ann an Gàidhlig, tha sinn a' cur taic ris an iarrtas seo far an gabh e a dhèanamh. Tha teachdaireachd dà-chànanach air loidhne a-steach an t-seirbheis chustamairean. Tha luchd-obrach gam misneachadh gu clasaichean Gàidhlig a fhrithéaladh.
Gnìomhan Riatanach:	Nì sinn ar dìcheall air taic a chur ri iarrtas sam bith bho luchd-cleachdaidh ar seirbheis gus bruidhinn riutha ann an Gàidhlig.
Ceann-là Targaid:	2028-2029
Oifigear Cunntachail:	Stiùiriche Sheirbheisean Corporra.

GNÌOMH LEASACHAIDH	LÌBHRIGEADH SEIRBHEIS EADARAIL
Buil Mholta	Tha Coimisean na Croitearachd a' cur fàilte air luchd-gairm le teachdaireachd chlàraichte ann an Gàidhlig.

Cleachdadh Làithreach:	Ma bhios neach airson labhairt ann an Gàidhlig mun chùis aca, bidh sinn a' coimhead ri taic a chur ris an iarrtas seo, ma ghabhas sin a dhèanamh. Tha teachdaireachd dà-chànanach air loidhne a-steach nan seirbheisean chustamairean.
Gnìomhan Riatanach:	Sgrùdaidhean luchd-obrach a choileanadh gus luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig a chomharrachadh agus as urrainn conaltradh le ar luchd-cleachdaidh sheirbheisean.
Ceann-là Targaid:	2030
Oifigear Cunntachail:	Stiùiriche Sheirbheisean Corporra.

GNÌOMH LEASACHAIDH	PÀIPEARACHD
Buil Mholta	Tha sinn a' cur fàilte air conaltradh ann an Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach:	Nuair a sgrìobhas custamairean thugainn ann an Gàidhlig, faodaidh sinn freagairt mar an ceudna. Faodaidh ceistean an cur a-steach ann an Gàidhlig tron làraich-lìn againn.
Gnìomhan Riatanach:	Togaidh sinn air ar dealas a thaobh gabhail ri conaltraidhean bho ar luchd-cleachdaidh sheirbheisean ann an Gàidhlig.
Ceann-là Targaid:	2026
Oifigear Cunntachail:	Stiùiriche Sheirbheisean Corporra.

GNÌOMH LEASACHAIDH	FOILLSEACHAIDHEAN
Buil Mholta	Tòisichidh coinneamhan poblach le fàilte ann an Gàidhlig.

Cleachdadh Làithreach:	Bidh ar Coimiseanair le Gàidhlig a' cur fàilte air luchd-frithealaidh gu coinneamhan bùird ann an Gàidhlig. Tha ar coinneamhan bùird fosgailte don phoball agus faodaidh luchd-frithealaidh a' choinneamh fhaicinn air-loidhne. Is urrainn don Choimiseanair agallamhan mheadhanan a choileanadh ann an Gàidhlig.
Gnìomhan Riatanach:	Dèanamh cinnteach gu bheil tairgse ghnìomhach ga dhèanamh le bhith a' cleachdadh Gàidhlig ann am puist mheadhanan sòisealta no sanasan airson choinneamhan poblach ann an sgìrean Gàidhlig.
Ceann-là Targaid:	Bho bhliadhna 1
Oifigear Cunntachail:	Stiùiriche Sheirbheisean Corporra.

Foillseachaidhean

Tha Coimisean na Croitearachd dealasach a thaobh Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh ann an sgìrean far a bheil an cuspair nas cudromaiche don phoball san fharsaingeachd no co-cheangailte gu sònraichte ri cùisean Gàidhlig.

GNÌOMH LEASACHAIDH	DÀIMHEAN POBLACH IS MEADHANAN
Buil Mholta	Àbhaisteachadh air Gàidhlig ann an conaltraidhean agus dàimhean poblach Coimisean na Croitearachd.
Cleachdadh Làithreach:	Tha neach-labhairt le Gàidhlig ri làimh airson agallamhan ann an Gàidhlig mar a ghabhs dèanamh. Tha bhidiothan Gàidhlig rim faotainn air ar Sianal YouTube ¹² .
Gnìomhan Riatanach:	Bheir sinn meudachadh air Gàidhlig tarsainn ar mach-chur le meadhanan sòisealta. Bidh prìomh earrannan de ar làraich-lìn ann an Gàidhlig agus Beurla.

¹² [Crofting Commission - YouTube](#)

Ceann-là Targaid:	2026
Oifigear Cunntachail:	Oifigear Chonaltraidhean
GNÌOMH LEASACHAIDH	FOILLSEACHAIDHEAN CORPORRA
Buil Mholta	Bidh an Coimisean mothachail don bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig poileasaidhean air togail agus cleachdadh na Gàidhlig, ann an cruthachadh poileasaidhean agus ann an tighinn gu co-dhùnaidhean air poileasaidh.
Cleachdadh Làithreach:	Tha fàilte dà-chànanach san Aithisg Bhliadhnail.
Gnìomhan Riatanach:	Bidh meudachadh beag air bheag ann an cleachdadh na Gàidhlig nar foillseachaidhean corporra. Meudaichidh sinn cleachdadh na Gàidhlig tron làrach-lìn againn air fad. Aig tachartasan a-muigh, a' gabhail a-steach fèilltean àiteachais, cleachdaidh sinn Gàidhlig nar stuthan agus ann an soidhneachd.
Ceann-là Targaid:	2027 gu 2028
Oifigear Cunntachail:	Stiùiriche Obraichean
GNÌOMH LEASACHAIDH	LÀRACH-LÌN
Buil Mholta	Cleachdadh faicsinneach air Gàidhlig air làrach-lìn Coimisean na Croitearachd.
Cleachdadh Làithreach:	Tha an làrach-lìn againn fo ath-sgrùdadh aig an àm seo. Tha cuid den t-susbaint ri fhaicinn ann an Gàidhlig agus Beurla.

Gnìomhan Riatanach:	Eadar-theangachadh Gàidhlig ga mheudachadh tron làraich-lìn air fad. Cuimseachadh air raointean de phrìomh cudromachd do ar buidhnean luchd-ùidhe. Comharraich na raointean sin.
Ceann-là Targaid:	2026 - 2027
Oifigear Cunntachail:	Oifigear Chonaltraidhean

GNÌOMH LEASACHAIDH	TACHARTASAN / TAISBEANAIDHEAN
Buil Mholta	Cleachdadh faicsinneach air tachartasan is taisbeanaidhean air aoigheachd bho Choimisean na Croitearachd, agus adhartaichear cleachdadh air Gàidhlig aig tachartasan a bhios luchd-obrach a' frithealadh.
Cleachdadh Làithreach:	Bidh buill den luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig a' frithealadh thachartasan is thaisbeanaidhean tron bhliadhna.
Gnìomhan Riatanach:	Dèanamh cinnteach gu bheil solar meudaichte air goireasan tro mheadhan na Gàidhlig sam faod croitearan agus luchd-ùidhe com-pàirt a ghabhail.
Ceann-là Targaid:	Bho bhliadhna 1
Oifigear Cunntachail:	Oifigear Chonaltraidhean

Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig (GoC)

Cumaidh Coimisean na Croitearachd ri Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig, a' dèanamh cinnteach gu bheil ar cleachdadh air Gàidhlig iomchaidh airson a chleachdadh ann an raon a tha a' sìor fhàs de cho-theacsaichean. Tha leasachadh na Gàidhlig san t-suidheachadh seo deatamach don chànan san àm ri teachd.

GNÌOMH LEASACHAIDH	GNÀTHACHAS LITREACHAIDH NA GÀIDHLIG (GoC)
---------------------------	--

Buil Mholta	Leanaidh Coimisean na Croitearachd Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig ¹³ aig Ùghdarras Theisteanas na h-Alba.
Cleachdadh Làithreach:	Tha solar eadar-theangachaidh làithreach a' Choimisein ann an co-rèir ri gnàthasan SQA.
Gnìomhan Riatanach:	Thèid taic a shireadh bho Ainmean-àite na h-Alba (Gaelic Place Names of Scotland)
Ceann-là Targaid:	2027
Oifigear Cunntachail:	Oifigear Chonaltraidhean

BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

Clàr-ama

Fuirichidh am Plana Gàidhlig gu foirmeil na àite airson còig bliadhna bho latha aonta le Bòrd na Gàidhlig. Gun a bhith nas fhaide na deireadh na h-ùine seo, thèid am plana ath-sgrùdadh, a mheasadh, agus atharrachadh mar a bhios riatanach, mus cuirear a-steach e airson aonta gu Bòrd na Gàidhlig.

Foillseachadh

Air an Taobh A-Muigh

Bidh Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd air fhoillseachadh ann an Gàidhlig agus Beurla air an làraich-lìn againn. A thuilleadh air sin:

- sgaoilidh sinn brath naidheachd dà-chànanach ag ainmeachadh aonta agus foillseachadh a' phlana.
- bidh am Plana ri fhaotainn nar n-oifis.

¹³ [SQA Gaelic Orthographic Conventions](#)

- thèid agallamhan mheadhanan a thabhann ann an Gàidhlig agus Beurla.
- gheibh prìomh luchd-ùidhe fiosrachadh mun phlana.
- togaidh sinn mothachadh don phlana tarsainn ar n-àrd-ùrlaran mheadhanan sòisealta.
- bidh lethbhreacan dèante ann am measgachadh de chruthan, le an iarraidh.

Air an Taobh A-Staigh

Gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach agus Coimiseanairean mothachail do ar dleastanasan fon phlana:

- cuiridh sinn artaigil do litir-naidheachd an luchd-obrach, gus luchd-obrach fhiosrachadh mun phlana ùr agus far am faigh iad e.
- cruthaichidh ar Buidheann Conaltraidh Luchd-obrach (SEG) gnàth-nì airson beachdachadh agus in-ghabhail air Gàidhlig
- bidh am Plana ga chur a-steach mar phàirt den Phasgan Inntigidh do Choimiseanairean.
- bidh am Plana mar phàirt den phròiseas inntigidh do luchd-obrach ùr.
- aig Coinneamh an Luchd-obrach, togaidh sinn mothachadh don Phlana agus a ghealltanasan.
- sgaoilidh sinn lethbhreac den Phlana gu ar Roinn Urrasachd.

Goireasachadh a' Phlana

Tha ar plana air a dhealbhadh stèidhichte air na goireasan làithreach a tha rim faotainn.

Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana

Sgrùdaidh sinn buileachadh air a' Phlana tro aithris ràitheil gu Sgioba Gnìomha a' Choimisein. Gheibh am Bòrd aithisg bhliadhnail mhionaideach air adhartas, a thèid an uair sin a chur gu Bòrd na Gàidhlig.

Cuiridh Oifigear Gàidhlig a' Choimisein crìoch air Aithisg Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig, a tha mar aithisg air an taobh a-staigh agus a tha ùraichte gach ràithe tron bhliadhna.

Dleastanas

Tha uallach iomlan air an Àrd-Oifigear againn airson dèanamh cinnteach gun libhrig sinn ar gealltanasan sa phlana.
Tha uallach iomlan air Stiùiriche nan Seirbheisean Corporra airson am plana ullachadh, a libhrigeadh agus a sgrùdadh.
Tha uallach làitheil air an Oifigear Ghàidhlig airson libhrigeadh is sgrùdadh air a' phlana.

Bu chòir do cheistean co-cheangailte ris a' phlana an cur gu: Lynne Nic a' Mhaoilein, Oifigear Gàidhlig, Post-d:
gaelic@crofting.gov.scot

EÀRR-RÀDH 1.

Aithisg Geàrr-iomraidh air Freagairtean don Cho-chomhairleachadh

Tha an ceathramh eagrah den Phlana Ghàidhlig againn fosgailte do cho-chomhairleachadh poblach airson ùine de shia seachdainean bhon Chèitean gu an t-Ògmhios 2025.

Tha am Plana ri fhaotainn ann an Gàidhlig agus Beurla air an làraich-lìn againn agus sgaoil sinn brath naidheachd ann an Gàidhlig agus Beurla gus buill den phoball a bhrosnachadh gu am beachdan mun phlana a roinn.

Sgaoil sinn puist tarsainn ar n-àrd-ùrlaran mheadhanan sòisealta.

EÀRR-RÀDH 2.

SGRÙDADH SGILEAN GÀIDHLIG


SGRÙDADH SGILEAN GÀIDHLIG: TORAIDHEAN SUIRBHIDH AN LUCHD-OBACH

Ann an 2024, dh'iarr sinn air luchd-obrach com-pàirt a ghabhail ann an suirbhidh gus an tuigse don Ghàidhlig a thomhas; an comas air Gàidhlig a labhairt, a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn. Fhreagair 55% den luchd-obrach.

5. What is your understanding of Gaelic? (choose all that apply to you)

[More details](#)

Fluent Gaelic speaker	0
Conversational Gaelic	3
Able to speak Gaelic phrases	10
Able to read Gaelic	4
Able to write Gaelic	0
I don't understand Gaelic	27



5, Dè an tuigse a th' agad don Ghàidhlig? (tagh gach aon a tha buntainneach dhut)

Fileanta	0
Còmhraidh ann an Gàidhlig	3
Comasach air abairtean Gàidhlig a labhairt	10
Comasach air Gàidhlig a leughadh	4
Comasach air Gàidhlig a sgrìobhadh	0
Chan eil mi a' tuigsinn Gàidhlig	27

GEÀRR-IOMRADH DE NA TORAIDHEAN

- Tha comas còmhraidh ann an Gàidhlig aig 4% den luchd-obrach.
- Is urrainn do 14% abairtean ann an Gàidhlig a labhairt agus a thuigsinn.
- Tha 6% comasach air Gàidhlig a leughadh.